

16 Dùbhlachd 2025

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Anns an Fhaoilleach 2024, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir air Àrd-sgoil MhicNeacail. Mhìnich an litir grunn raointean leasachaidh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus le Comhairle nan Eilean Siar. Thill sinn an dèidh làimh dhan sgoil gus faicinn mar a lean iad orra a' leasachadh an cuid obrach, agus chaidh litir eile fhoillseachadh san Dàmhair 2024. O chionn ghoirid, mar 's dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus bho luchd-obrach eile mu na ceumannan leasachaidh a tha an sgoil air gabhail. Thug sinn sùil air raointean sònraichte a chaidh a chomharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh dhaoine òga. Tha an litir seo a' mìneachadh na lorg sinn.

Mar chùis èiginn, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean obair còmhla ri luchd-obrach agus còmhla ris an ùghdarras ionadail, gus piseach a thoirt air càileachd an fhoghlaim do dhaoine òga san t-solar leasaichte. Bu chòir do luchd-obrach cuimseachadh air dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga uile a' faighinn cothrom air eòlasan foghlaim buntainneach a tha air an deagh phlanadh agus a tha gan toirt an sàs san ionnsachadh aca.

Tha an dithis phrìomh thidsearan air a bheil an t-uallach airson an t-solair leasaichte a' libhrigeadh ceannardas èifeachdach agus seasmachd. Tha iad a' faighinn deagh thaic bho àrd-mhanaidsearan. Mar thoradh air sin, tha piseach air tighinn air conaltradh agus dàimhean thar sgioba an luchd-obrach. Bidh prìomh thidsearan agus luchd-obrach a' conaltradh gu math mu chùisean cudromach leithid mar as fheàrr a choinnicheas iad ri feumalachdan dhaoine òga. Tha tuigse nas fheàrr aig luchd-obrach a-nis air feumalachdan dhaoine òga agus mar as urrainn dhaibh an cuideachadh le bhith ag ionnsachadh. Tha piseach air tighinn air an dòigh anns a bheil luchd-obrach air an cur gu diofar chlasaichean gus taic a thoirt do dhaoine òga. Mar thoradh air sin, tha daoine òga nas socraiche agus tha iad a' gabhail pàirt nas fheàrr ann an ionnsachadh. Tha pàrantan den bheachd gu bheil conaltradh bhon sgoil nas cunbhalach, agus gu bheil daoine òga a' faighinn buannachd bho dhàimhean deimhinneach le prìomh luchd-obrach. Tha tidsearan prìomh-shruthach a' libhrigeadh ionnsachadh do dhaoine òga ann an cuspairean leithid foghlam creideimh agus saidheans. Mar thoradh air sin, tha daoine òga a' gabhail pàirt ann am barrachd eòlasan ionnsachaidh thar raon nas fharsainghe de chuspairean. Tha cothromachadh iomchaidh aig daoine òga eadar ùine ann an solar leasaichte agus ùine ann an clasaichean prìomh-shruthach.

Bidh a h-uile neach-obrach a' gabhail pàirt ann an coinneamhan bliadhnail le àrd-stiùirichean no prìomh thidsearan. Tha na coinneamhan seo a' leigeil le luchd-obrach comharrachadh a dhèanamh air an trèanadh air a bheil feum aca gus taic a thoirt do dhaoine òga. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean, còmhla ri co-obraichean bhon ùghdarras ionadail, cumail orra ag obair gu dlùth le luchd-taic gus na feumalachdan trèanaidh sònraichte aca a chomharrachadh ann an dòigh nas pongaile. Bu chòir trèanadh luchd-taic a bhith ceangailte gu dìreach ri feumalachdan ionnsachaidh is meidigeach nan daoine òga dha bheil iad a' toirt taic. Bu chòir

do dh'àrd-stiùirichean dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann do luchd-obrach uile pàirt a ghabhail ann an trèanadh a chuidicheas iad gus na dleastanasan sònraichte aca a choileanadh le misneachd.

Tha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' cumail orra ag obair còmhla gus na dòighean-obrach aca a thaobh dealbhadh ionnsachaidh, teagaisg agus measadh a leasachadh. Tha luchd-obrach anns an t-solar leasaichte agus luchd-obrach prìomh-shruthach ag obair gu math còmhla gus na dòighean-obrach seo a leasachadh. Mar ath cheum, feumaidh luchd-obrach cumail orra a' leasachadh mar a bhios iad a' dèanamh breithneachaidhean air an adhartas a tha daoine òga a' dèanamh. Tha àrd-stiùirichean air siostam air-loidhne a leasachadh airson fiosrachadh a chruinneachadh mu dhaoine òga san sgoil phrìomh-shruthaich, a' gabhail a-steach an cuid adhartais. Tha daoine òga anns an t-solar leasaichte a-nis air an gabhail a-steach san t-siostam seo. Bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-obrach cumail orra leis na planaichean aca gus an siostam seo a chleachdadh gus adhartas dhaoine òga ath-sgrùdadh. Bu chòir fòcas soilleir a bhith ann air dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' dèanamh uiread's a ghabhas de dh'adhartas.

Tha àrd-stiùirichean agus luchd-obrach a' leasachadh mar a gheibh daoine òga aig ÀS4-ÀS6 teisteanasan agus duaisean. Tha seo a' cuideachadh dhaoine òga gus sgilean cudromach a leasachadh airson ionnsachadh, beatha agus obair. Bidh luchd-obrach a' cleachdadh dhuaisean a chuidicheas daoine òga gus na sgilean aca a nochdadh agus gus an ullachadh airson beatha taobh a-muigh na sgoile.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas math a dhèanamh bhon chiad sgrùdadh. Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Monica Reilly
Neach-sgrùdaidh an Rìgh